

**Mar
a chleachdas
tu...**

Bi:

mar òrdugh

Bi modhail!

Bi sàmhach!

Bi faiceallach!

Bi ciallach!

Bi:

còmhla ri am, gum, mura, nach

Am bi thu a' dol dhachaigh
a h-uile oidhche?

Thig a' chèilidh mura bi thu
ro thrang.

Nach bi thu a' coimhead
BBC Alba?

Can ris nach bi feum air lioft
dhachaigh.

Bidh/Bithidh:

Bidh mi a' cluiche ball-coise.

Bidh mi ag èirigh tràth a h-uile
madainn.

A bhith/gu bhith:

Chan eil math dhut a bhith
fadalach.

Tha sinn gu bhith a' fàgail air
a' bhus aig 2f.

Bhi:

còmhla ri cha a-mhàin

Cha bhi feum air seacaid oir tha e
ro bhlàth.

Cha bhi an Loch Seaforth
a' seòladh an-diugh.

Bith:

as-dèidh sam

Cha do rinn e diofar sam bith.

Chan eil adhbhar sam bith eagal
a bhith ort.

Biodh/Bhiodh:

Saoil am biodh Trail West deònach
a thighinn dhan an eilean.

Bhiodh e na b' fheàrr nan robh
sinn a' falbh air a' phlèan.

Bhithinn:

Bhithinn fada nas toilichte nan
robh One Direction a' seinn aig
a' chonsairt.

Bhithinn gu math deònach seinn
aig a' chèilidh.

Lìon na beàrnan anns na seantansan seo:

_____ sinn a' dol dhan ionad spòrs a h-uile Disathairne.

Cha _____ Dòmhnall ag ithe teoclaid idir.

Nach math gum _____ Catriona ann cuideachd.

Tha sinn uile gu _____ a' siubhal air an Loch Seaforth.

Tha mi an dòchas nach _____ cur-na-mara oirnn!

_____ gu math toilichte fuireach na mo leabaidh gu meadhan là!

Nach _____ e math nan robh mìos againn dheth aig àm na Nollaig.

Tha agamsa ri _____ aig an clasa seinn aig 5f.

Cha _____ an tidsear anns a' chlas a-màireach.

Tha mi den bheachd gum _____ oidhche bhrèagha ann.

Saoil am _____ tiogaidean air fhàgail airson Taylor Swift?

Tha e gu _____ trang dha rìreabh.

_____ gu leòr ann airson dà chonsairt a chur air dòigh.

Chan eil leisgeul sam _____ agad.

Cha bu chòir dhuinn a _____ fada aig an dotair.

_____ sàmhach!

_____ sinn a' falbh chun a' Mhòd Nàiseanta a h-uile bliadhna.

Cha _____ sinn san sgoil air Là na Nollaig.

Saoil am _____ tòrr obair-dachaigh againn a-nochd?

Tha sinn gu _____ a' snàmh oidhche Luain.